

UHI Research Database pdf download summary

Co-aonta agus Ro-innleachd: Iomairt Charn Tóchair agus ath-leasachadh-cànain aig ìre na coimhearsnachd

Armstrong, Timothy Currie

Published in:
A' Cleachdadh na Gàidhlig

Publication date:
2011

The re-use license for this item is:
CC BY-NC

The Document Version you have downloaded here is:
Peer reviewed version

[Link to author version on UHI Research Database](#)

Citation for published version (APA):

Armstrong, T. C. (2011). Co-aonta agus Ro-innleachd: Iomairt Charn Tóchair agus ath-leasachadh-cànain aig ìre na coimhearsnachd. In R. A. V. Cox, & T. C. Armstrong (Eds.), *A' Cleachdadh na Gàidhlig: slatan-tomhais ann an dìon cànan sa choimhearsnachd* (n/a ed., Vol. n/a, pp. 1-16). Clò Ostaig.

General rights

Copyright and moral rights for the publications made accessible in the UHI Research Database are retained by the authors and/or other copyright owners and it is a condition of accessing publications that users recognise and abide by the legal requirements associated with these rights:

- 1) Users may download and print one copy of any publication from the UHI Research Database for the purpose of private study or research.
- 2) You may not further distribute the material or use it for any profit-making activity or commercial gain
- 3) You may freely distribute the URL identifying the publication in the UHI Research Database

Take down policy

If you believe that this document breaches copyright please contact us at RO@uhi.ac.uk providing details; we will remove access to the work immediately and investigate your claim.

Co-aonta agus Ro-innleachd: Iomairt Charn Tóchair agus ath-leasachadh cànan aig ìre na coimhearsnachd

Timothy Currie Armstrong
Sabhal Mòr Ostaig

Air an A6, am prìomh rathad eadar Beul Feirste agus Doire, agus leitheach-slighe eadar an dà bhaile sin, tha am baile, Machaire Rátha, suidhichte air dùthaich Èireann a Tuath, fo sgàil druim nan Speiríní agus air a chuairteachadh le fearann-àitich. 'S e baile margaidh beag a tha ann, le goireasan dha na coimhearsnachdan dùthchail a tha mun cuairt air, agus, ann an 2001, bha 3711 duine a' fuireach ann, 72.41% a chaidh àrach nan Caitligeach agus 27.11% a chaidh àrach nam Pròstanach (Northern Ireland Census 2001). Abrar Carn Tóchair, bho ainm cnuic a tha làimh ris a' bhaile, ris na ceàrnaidhean dùthchail an iar-thuath air Machaire Rátha, agus 's ann ann an teis-meadhan Sgìre Charn Tóchair a lorgar am baile beag bìodach, Tír Chiana, agus e aig crois an rathaid mu chòig chileameatair a-mach à Machaire Rátha fhèin. Ged nach eil ann an Tír Chiana ach grunn taighean na laighe am measg achaidhean, 's e àite leasaichte goireasach a tha ann an taca ri bailtean eile den aon mheud ann an Èirinn a Tuath. Ann an 2008, bha bun-sgoil, sgoil-àraich, oifis puist, bùth, ionad-coimhearsnachd, ionad-gnìomhachais agus sgeama beag de thaigheadas sòisealta uile dlùth ri chèile air an aon làraich mun cuairt air crois an rathaid. Chaidh gach goireas sin, ach a-mhàin a' bhun-sgoil, a chur air dòigh le buidhinn bhig de dh'iomairtichean coimhearsnachd fo bhratach Choiste Forbartha Charn Tóchair ('comataidh leasachaidh Charn Tóchair'), agus b' e an aon bhuidheann sin a chuir ro-innleachd iongantach air bhog air an 29mh latha den Fhaoilleach 2008, ro-innleachd gus Gàidhealtachd ùr (*Gaeltacht nua*) ath-stèidheachadh ann an Sgìre Charn Tóchair an taobh a-staigh leth-cheud bliadhna. Air latha a' bhogaidh, mhìnich Liam Ó Flannagáin, an t-Oifigear-naidheachd air a' Chomataidh, na h-amasan aca air Raidió na Gaeltachta, mar a leanas:

An rud atáimid ag déanamh, táimid ag lánseáil inniu ar straitéis úr Gaeilge, straitéis fhadtéarmach don cheantar agus an aidhm atá ann, Gaeltacht cheart a aththógáil an seo arís.

'An rud a tha sinn a' déanamh, tha sinn a' cur ar ro-innleachd ùr Ghàidhlig air bhog an-diugh, ro-innleachd fhad-ùineach dhan sgìre, agus an t-amas a tha aice, Gàidhealtachd cheart ath-thogail an seo a-rithist.'

Tha iomairt na Gàidhealtachd ùire ann an Carn Tóchair gu sònraichte inntinneach a chionn 's nach b' e neach fa leth no buidheann ùr a chuir an ro-innleachd àrd-amasach seo air chois, ach buidheann stèidhichte, buidheann aig an robh eachdraidh anns an sgìre agus buidheann a bha air a bhith soirbheachail mar-thà ann an dà chuid leasachadh coimhearsnachd agus leasachadh cànan. Bha a' Chomataidh ag obair gu sàmhach anns na bailtean beaga an iar-thuath air Machaire Rátha agus ann am Machaire Rátha fhèin fad còrr agus 15 bliadhna, ach, mus do chuir iad an ro-innleachd sgrìobhte aca air bhog, le beagan follaiseachd air Raidió na Gaeltachta, cha robh mòran daoine air taobh a-muigh na sgìre eòlach air an iomairt idir. Ann an 2007–2008, rinn an t-ùghdar rannsachadh air iomairt na Gàidhealtachd ùire ann an sgìre Charn Tóchair agus nithear cunntas shìos air an rannsachadh sin. Cuideachd, nithear aithris luath air eachdraidh na h-iomairte agus, an ruith na h-aithrise sin, mìnichear cuid de na feartan a rinn Iomairt Charn Tóchair sònraichte, nam measg an cuideam a chuireadh air ro-innleachd agus air togail co-aonta anns an obair aca. Nithear aithris air cuid de na dùbhlain a dh'èirich ron iomairt, agus thèid meòrachadh air an teòraidh a bha air chùl na h-obrach

leasachaidh seo mar an ceudna. Bidh an cunntas gu ìre mhòir bonntaichte air dàta agallaimh. Rinneadh agallamhan le buill de Choiste Forbartha Charn Tóchair agus le luchd-obrach an ionaid-choimhearsnachd, agus, mar a bha cuid dhiubh a' bruidhinn bho shealladh nan dreuchdan aca, chaidh an fheadhainn seo a chlàradh nan agallamhan ainmichte oifigeil. Ach rinneadh agallamhan gun urra cuideachd le buill eile de Choiste Forbartha Charn Tóchair, le pàrantan a bha a' togail an cuid chloinne tro Ghàidhlig na h-Èireann, le saor-thoilich a bha ag obair aig iomairt oifigeil na Comataidh agus le saor-thoilich a bha an sàs ann am pròiseactan Gàidhlig beaga nach robh ceangailte ris a' Chomataidh idir. Anns an sgrùdadh a leanas, molar gun nochd Iomairt Charn Tóchair dhuinn eisimpleir ghrinn de dheagh-ghnè ann an ath-leasachadh cànan aig ìre na coimhearsnachd, cho math ri eisimpleir de dh'iomairt nach eil sùil no dùil ris ann an Èirinn anns an aona linn air fhichead, .i. iomairt gus Gàidhealtachd ath-stèidheachadh ann an sgìre far an do chrìochnaich a' Ghàidhlig mar chànan na coimhearsnachd ginealaich air ais.

Anns an latha an-diugh, 's e sgìre Bheurla a tha ann an Carn Tóchair, ged a mhair a' Ghàidhlig na b' fhaide innte na mhair i ann an àiteachan eile ann an Èirinn a Tuath. Tha e coltach gun deach an t-sean Ghàidhealtachd ann an Carn Tóchair à bith uaireigin mu dheireadh na naoidheamh linne deug, no tràth anns an fhicheadamh linn (faicibh am meòrachadh air crìonadh na Gàidhealtachd ann an Èirinn a Tuath ann am Mac Giolla Chríost 2002, 433, 438, 447–48). Mar sin, bha Coiste Forbartha Charn Tóchair an dùil ris a' Ghàidhealtachd ath-thogail glan às ùr, agus iad a' tòiseachadh le sgìre a bha gallta air fad. Ged as cinnteach gun robh an t-amas seo neo-àbhaisteach, chan eil an iomairt uile-gu-lèir gun chosmhail ann an eachdraidh ath-bheòthachadh na Gàidhlig an Èirinn: tha cunntas againn air corra thionnsgnadh gus Gàidhealtachdan ùra a stèidheachadh anns an fhicheadamh linn mar dhòigh air a' Ghàidhlig a thoirt air ais gu cleachdadh làitheil ann an sgìrean gallta, agus b' e an eisimpleir a b' iomraitichte dhiubh Pobal Bhóthar Seoighe ('the Shaw's Road community'), coimhearsnachd ann am Beul Feirste a thàinig còmhla ann an 1969, nuair a thog còig teaghlaichean de luchd-labhairt na Gàidhlig taighean ùra an taca ri chèile air iomall na cathrach, agus sgoil ùr Ghàidhlig rin taobh (Armstrong 2009; Maguire 1990; Mac Póilin 2007; McManus 2002; Nig Uidhir 2006; Ó Canainn 1964). Ach, mar a mhìnich Niall Ó Catháin, Rùnaire Companaidh na Comataidh, bha Iomairt Charn Tóchair a' riochdachadh gnìomh gus Gàidhealtachd ùr a chruthachadh a bha eadar-dhealaichte bhon fhear leis an do chruthaich Gàidhealtachdan ùra coltach ri Pobal Bhóthar Seoighe:

There are other areas, I suppose ... In Belfast, there's the Shaw's Road area, but that's a totally different situation from what we're doing here ... We're seeking to restore the language within an existing community here, which is totally different – it's not a group of Irish speakers and Irish-speaking families who come together to form a Gaeltacht. What we're doing is the entire generation of youth, within an existing, well-established and tight community. We're trying to make Irish their language for the range of that whole generation and it's working to a reasonable extent now: the majority of children locally would be Irish speakers.

B' iad Liam Ó Flannagáin agus Niall Ó Catháin a bha an sàs anns an iomairt bhon fhìor thoiseach, agus shònraich an dithis aca gur h-e fosgladh na ciad sgoil-àraich (*naíscoil*) aca toiseach a' ghnòthaich. B' ann ann an 1993 a bha seo agus b' e sin a' chiad sgoil-àraich dhùthchail ann an Èirinn a Tuath. Chaidh an sgoil-àraich a stèidheachadh am broinn club Chumann Lúthchleas Gael (CLG) ann an Sleacht Néill, mu dhà chileameatair bho Thír Chiana, agus bha i uile-gu-lèir an eisimeil air maoinachadh saor-thoileach agus, gu sònraichte, air taic bhon chlub CLG fhèin. Bhiodh na clubaichean CLG beaga an teis-

meadhan na beatha sòisealta aig mòran de na sgìrean Caitligeach air feadh na h-Èireann, agus, a thuilleadh air maoinachadh, bha an taic a fhuair an iomairt òg bho CLG Roibeard Éiméid Sleacht Néill cudromach a thaobh aithneachaidh anns a' choimhearsnachd.

An ath bhliadhna, 1994, lean iad orra agus stèidhich iad bun-sgoil, Bunscoil Luraigh, ann am Machaire Rátha fhèin. Aig an àm, bha a' chiad dream de phàistean anns an sgoil-àraich deiseil gus falbh chun na bun-sgoile, agus chuir sin cabhag air na h-iomairtichean. Cha robh iad airson gun rachadh a' chlann dà-chànanach ùr air chall ann am foghlam aon-chànanach Beurla agus, mar sin, thog iad sgoil leotha fhèin, sgoil nach deach a-riamh aithneachadh leis an riaghaltas. Anns an t-seagh seo, bha iad a' leantainn eisimpleir Bhóthar Seoighe. Bha a' Chomataidh eòlach air eachdraidh Bhóthar Seoighe agus thadhail iad air a' choimhearsnachd sin mar phàirt den rannsachadh aca, fhad 's a bha iad a' dealbhadh na sgoil-àraich aca fhèin. Coltach ri muinntir Bhóthar Seoighe, thog iad togalach na sgoile air an ceann fhèin, le an làmhnan fhèin, agus iad ag obair fad an t-samhraidh gus crìoch a chur oirre, mus tigeadh am foghar. Thòisich iad air an dàrna sgoil-àraich aca air a' bhliadhna às dèidh sin, anns an dearbh thogalach san robh a' bhun-sgoil, ann am meadhan Mhachaire Rátha. Fhuair iad beagan taic airgid bhon bhuidhinn, Gaeloilúint, ach, gu ìre mhòir, bha uallach a' mhaoineachaidh air muinntir na sgìre fhèin. A rèir nan iomairtichean, b' e obair sgèitheil gun abhsadh a bha innte, agus mhùch i gu ìre spiorad na h-iomairte às dèidh ùine. Bha iad airson leantainn orra gu pròiseactan leasachaidh Gàidhlig eile ach cha robh cothrom aca, agus iad a' sìor strì ri gu leòr airgid a thrusadh dha na sgoiltean aca. Mhìnich Liam Ó Flannagáin an staing san robh iad:

Because of the numbers requirements at that time that were necessary in order to get state support of the school, we weren't hitting those numbers, we just weren't growing at the speed our small rural area required in order to be funded by the state as a stand-alone primary school, a *bunscoil*.

Dh'obraich iad fad sia bliadhna gus airgead a thogail, ach, mu dheireadh thall, thòisich iad air rèite a dhèanamh leis The Council for Catholic Maintained Schools, agus, ann an 2000, phòs Bunscoil Luraigh ris a' bhun-sgoil Chaitligich ionadail, Bunscoil Naomh Bríd, ann an Tír Chiana. Mar sin, chaidh a' bhun-sgoil aca fhèin na h-aonad Gàidhlig am broinn sgoil Beurla. Dh'adhbharaich am pòsadh eadar an dà sgoil seo gluasad bho cheum 4a gu ceum 4b air an sgèile cheumnaichte aig Joshua Fishman, agus, mar a mhìnich Fishman fhèin (1991, 99–100), nuair a thig e gu ath-leasachadh cànan, thathas an dùil ri diofar èifeachd bho sgoiltean neo-eisimeileach (4a) seach sgoiltean a tha fo sgèith siostam an fhoghlaim oifigeil (4b). Dh'aidich an luchd-agallaimh a bha an sàs anns a' ghnothach aig an àm gum b' e co-rèite a bha anns a' phòsadh agus nach robh iad làn deònach gabhail ri aonad an àite sgoile fa leth, ach gun robh iad den bheachd nach robh Roinn an Fhoghlaim air roghainn fhàgail dhaibh. Seo mar a mhìnich Niall Ó Catháin e:

There have been a lot of pros and cons with it and, as somebody that has experienced both sectors, I certainly wouldn't advocate units, absolutely not. Having said that, our own unit is working reasonably well, but only because we've worked very, very hard at it, and we don't take no for an answer when it comes to looking after the interests of the Irish-speaking children.

A dh'aindheoin an teagamh a bha orra aig an toiseach, leudaich an t-aonad Gàidhlig gun sgur gus an ìre san deach an àireamh de sgoilearan anns an aonad Ghàidhlig thairis air an àireimh de sgoilearan anns an fhear Bheurla. Aig àm an rannsachaidh, bha 75 de sgoileirean anns an aonad Ghàidhlig seach mu 50 sgoilear anns an aonad Bheurla. B' ann air fianais nan

àireamhan seo a chuir Niall Ó Catháin an cèill aig àm an rannsachaidh gum biodh a' Ghàidhlig aig a' mhòr-chuid de na pàistean òga anns an sgìre.

Aig a' cheart àm a bha Liam Ó Flannagáin, Niall Ó Catháin agus na h-iomairtichean eile ag obair air leasachadh na Gàidhlig anns an sgìre, bha iad cuideachd ag obair air leasachadh coimhearsnachd. Bhiodh e doirbh crìoch dheimhinne a chur eadar an leasachadh cànan aca air an dàrna taobh agus an leasachadh coimhearsnachd aca air an taobh eile, mar a bha an dà iomairt dlùth cheangailte ri chèile. A rèir an luchd-agallaimh, b' e seo pàirt den ro-innleachd aca, gun cruthaicheadh iad ceangal làidir ann an inntinn muinntir na sgìre eadar Gàidhlig na h-Èireann agus adhartas anns a' choimhearsnachd agus, gu sònraichte, eadar an cànan agus adhartas eaconamach. Mhìnich Liam Ó Flannagáin gun robh iad a' feuchainn ri sean bheachdan air a' chànan atharrachadh, gum briseadh iad a' cho-ionannachd eadar a' Ghàidhlig agus a' bhochdainn ann an inntinn an t-sluaigh:

... a sufficient number of people who were involved in the Carntogher Community Association were also very interested in the development of Irish and we took a policy view that everything that would be coming through the Community Association, be it economic or be it tourism or be it housing, that we would tie in and we would thread the Irish language through whatever we were doing ... Rather than 100 years ago when [Irish] was associated with poverty and decline, now it's associated with vibrancy and success.

Bha Iomairt Charn Tóchair sònraichte a chionn a' chuideim a chuir na h-iomairtichean air trì feartan àraid anns an obair aca: gum biodh an iomairt ga h-iomain le foghlam chloinne gu ìre mhòir; gum biodh ro-innleachd rianail choileanta aig an iomairt; agus gum biodh co-aonta ri amasan na h-iomairte am measg muinntir na sgìre. Anns a' chiad dol-a-mach, tha e soilleir bho eachdraidh na h-iomairte a chaidh innseadh gu h-àrd gun do chuir buill na Comataidh cuideam air foghlam chloinne mar a' phrìomh innleachd aca gus Gàidhealtachd ath-stèidheachadh anns an sgìre. Aig bàrr na cùise, tuigear gur ann mu dheidhinn àireamhan luchd-labhairt a bha an cuideam seo air foghlam chloinne, agus, gu sìmplidh, gun do thuig na h-iomairtichean gur e foghlam tro mheadhan na Gàidhlig an innleachd a b' fheàrr gus àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig àrdachadh gu luath anns an sgìre. Gidheadh gun robh e feumail dhan iomairt gun robh àireamhan an luchd-labhairt òig a' sìor dhol am meud, bha e feumail airson co-dhiù dà adhbhair eile: air an dàrna làimh, mhìnich cuid den luchd-agallaimh gun robh fàs nam fileantach òga na bharrantas làidir nuair a bha gnàthan cànan ('language norms') ùra rin rèiteachadh anns an sgìre agus nuair a bha strì ann airson barrachd ghoireasan Gàidhlig anns an fharsaingeachd, agus, air an làimh eile, mhìnich eadh gun robh fàs an fhoghlaim Ghàidhlig cudromach airson inbhe na h-iomairte anns an sgìre. Shuilleirich Liam Ó Flannagáin gun robh fàs ann am foghlam Gàidhlig cudromach gus an iomairt a thoirt am follais agus gus Gàidhlig a cheangal ris an t-soirbheas ann an inntinn muinntir na sgìre:

... we had to keep the *naíscoils* going because, without the *naíscoils*, you don't have children to go to your *bunscoil*. Without growing the numbers of people at your *bunscoil*, it has the appearance of failure, so you need to be putting energy into making sure you always appear to be making progress rather than stepping backwards ...

Chualas anns na h-agallamhan gun robh ro-innleachd shoilleir air chùl na h-iomairte, agus is coltach gur e gu sònraichte an Rùnaire Companaidh, Niall Ó Catháin, a b' adhbhar dhan chuideam a chuirte air ro-innleachd am measg nan iomairtichean. 'S e neach-gnìomhachais

seòlta saoghalta agus duine gasta greigheach a tha ann am Mgr Ó Catháin agus, mar sin, b' e fear-toisich nàdarra a bha ann airson na h-iomairte. Mhìnich aon neach-agallaimh an cuideam a chuirte air ro-innleachd agus am pàirt a bha aig Ó Catháin ann, mar a leanas:

The conventional, community-development, linguist-type person/revivalist, is more into one-offs and is not particularly good at focusing on a long-term goal. So that idea of forward-planning and linking it with the whole concept of how to develop a community along a strategy, and that there is a theory too, it is probably something that Niall has pushed more than others and understood better than others.

Bha an ro-innleachd a chuir Coiste Forbartha Charn Tóchair air bhog mionaideach cho math ri farsaing, agus 's ann inntese a gheibhear cinn-uidhe àrd-amasach na Comataidh. Mun aon àm, chuir iad dà phlana ghnìomha an clò anns am faicear an dealbhadh aca airson na h-ath bhliadhna agus na h-ath dhà bhliadhna a-rithist, le liosta de thargaidean mionaideach àireamhail nan cois. A thuilleadh air sin, thàinig e am follais anns na h-agallamhan, nach b' e a-mhàin gun robh ro-innleachd sgrìobhte aig a' Chomataidh, ach gun robh dòigh smaoinichaidh ro-innleachdail na gnàthas am measg cuid de na h-iomairtichean a bha aig teis-meadhan a' ghnòthaich cuideachd. Mar phàirt de lèirsinn fhad-ùine na Comataidh, bhathas faiceallach gun robhas ag obair air taobh a-staigh crìochan a' cho-aonta a rinneadh ris an sgìre, fhad 's a bhathas, aig a' cheart àm, a' sanasachadh na h-iomairte agus a' sìor ghluasad a' cho-aonta, ceum air cheum, a dh'ionnsaigh amasan na Comataidh fhèin. Mhìnich Niall Ó Catháin gun tug iad an aire nach robh iad ag adhbharachadh sgaraidhean anns a' choimhearsnachd leis an iomairt:

... we're always very careful not to alienate non-Irish speakers ... it would be easy to go overboard in promotion of the language and focus creating an Irish-only environment but I don't think that for us would achieve what we're trying to do and build broad community support. There's a generation that will never learn Irish and there's no point in trying to teach them Irish either. All we can do is encourage them to have a very positive attitude towards the language and ensure that their children or their grandchildren go to the *gaelscoil* ... We're trying to bring everybody with us and that's the only way that we see of recreating the Gaeltacht because if you focused in only on adults who spoke Irish and their children you would never re-establish the language, we believe, in an area, broadly.

Thugadh iomradh air an amas, ath-stèidheachadh na Gàidhealtachd, uair agus a-rithist anns na h-agallamhan leis na h-iomairtichean teis-meadhanach agus ann an sgrìobhainnean na Comataidh. Ann an dòigh, chuireadh dà amas cheangailte an cèill leis na h-iomairtichean: togail coimhearsnachd dà-chànanaich agus ath-stèidheachadh na Gàidhealtachd. 'S ann anns a' chiad amas a gheibhear moladh air a' chleachdadh chànain a bha fa-near dhan iomairt: ann an litrichean mòra dubha, ann an ro-innleachd na h-iomairte, leughar:

Chun go mbeidh tuiscint leathan ar threo straitéiseach iarrachtaí chun an teanga a athbheochan, moltar a leanas mar Phríomhchuspóir: 'Pobal dátheangach a fhorbairt taobh istigh de dhá ghlúin nó roimh 50 bliain, mar a mbeidh an Ghaeilge mar mheán cumarsáide aitheanta ag tromlach an phobail'¹

¹ Coiste Forbartha Charn Tóchair agus Glór na nGael, Carn Tóchair, 2008, 10.

‘Gus am bi tuigsinn fharsaing air slighe ro-innleachdail na h-iomairte gus an cànan ath-bheothachadh, molar na leanas mar phrìomh amas: “Sluagh dà-chànanach a chinntinn an taobh a-staigh dà ghlùine no ro 50 bliadhna, anns am bi a’ Ghàidhlig na meadhan conaltraidh gnàthasach aig a’ mhòr-chuid den t-sluagh.”’

Tha an ro-innleachd sgrìobhte fhèin dà-chànanach agus tha an gnàth cànan, *mar a mbeidh an Ghaeilge mar mheán cumarsáide aitheanta ag tromlach an phobail*, air a thionndadh gu ‘where the Irish language becomes the accepted medium of communication of the majority of the community.’ Anns a’ chruth seo den amas, chithear mìneachadh reusanta mionaideach soilleir air na bhathar a’ ciallachadh le sluagh dà-chànanach, gun rachadh Gàidhlig na cànan gnàthasach anns an sgìre. ’S ann a bha ceann-uidhe an amais eile (ath-stèidheachadh na Gàidhealtachd) nas ceòthaiche, ach, cuideachd, nas samhlaiche agus nas tòcaile. Gu h-inntinneach, cha do chuireadh ath-stèidheachadh na Gàidhealtachd an cèill anns an ro-innleachd sgrìobhte fhèin, ach thugadh iomradh air anns na h-agallamhan agus ann an sgrìobhainnean eile na Comataidh. Mar eisimpleir, seo e ann an ceann-naidheachd bho bhrath-naidheachd mu bhogadh na ro-innleachd sgrìobhte, agus a bha ri leughadh air duilleig làrach-lìn ionad na coimhearsnachd:

South Derry Gaeltacht Reborn: Minister Éamon Ó Cuív, TD, recently announced the launch of a strategy for the rebirth of the South Derry Gaeltacht in the Sleacht Néill/Carn Tóchair area, outside Maghera.²

Seallaidh Tadhg Ó hÍfearnáin gun tuig Èireannaich am facal, ‘Gaeltacht,’ ann an iomadach dòigh eadar-dhealaichte agus nach eil e daonnan soilleir cò na gnàthan cànan ris am bite an dùil ann an ceàrnach a tha air a sònrachadh na Gàidhealtachd (Ó hÍfearnáin 2006, 2007). Ma chuirear an dà chruth den amas ri chèile, tuigear gu bheil Coiste Forbartha Charn Tóchair an dùil gun stèidhich iad a’ Ghàidhealtachd ùr aca mar choimhearsnachd far am bi a’ Ghàidhlig aig a’ mhòr-chuid, agus i an cànan buadhach anns an sgìre. Mhìnich Niall Ó Catháin gun cleachdar an t-amas, ath-stèidheachadh na Gàidhealtachd, gus muinntir na sgìre a tharraing a-steach dhan iomairt:

... and it’s using recreating the Gaeltacht as almost like a brand to sell to people – ‘That’s what we’re trying to do. It’s a great future for your children. There are job opportunities for Irish speakers. It’s a most useful language to have.’ – and that’s our sort of mantra.

’S e samhla cumhachdach a tha anns a’ Ghàidhealtachd ann an Èirinn, agus is coltach gu bheil an samhla seo ga chleachdadh leis na h-iomairtichean mar cheann-uidhe sìmplidh a thuigeas muinntir na sgìre, ceann-uidhe tarraingeach. Leughar anns an luaidh seo shuas nach robhas a’ cruthachadh ìomhaigh de Ghàidhealtachd mar àite glèidhteach seann-nòsach ach gun robhas a’ dèanamh ceangal eadar a’ Ghàidhealtachd agus an t-àm ri teachd, .i. adhartas agus beairteas. ’S e ceann-uidhe àrd-amasach a tha ann an ath-stèidheachadh na Gàidhealtachd, ach chleachd na h-iomairtichean dà argamaid eachdraidheil mar bharrantas gus an ceann-uidhe seo a dhìon. Air an dàrna làimh, thugadh iomradh air eachdraidh fhada an ath-bheothachaidh anns an sgìre, agus, air an làimh eile, thachradh gum b’ e Gàidhealtachd

² <<http://www.ancarn.org/projects/irish-language-community-development-project/south-derry-gaeltacht-reborn>> – 30/7/08.

neo-oifigeil a bha anns an sgìre suas gu toiseach na ficheadamh linne. Chithear an dà phuing seo air an snìomh ri chèile gu seòlta anns an luaidh a leanas, bhon aon bhrath-naidheachd mu bhogadh na ro-innleachd gu h-àrd:

The area has a long history in the revival of the language, spanning back over 100 years, when the area was still a Gaeltacht. Census returns of 1901 show that as many as 50% of the population of some townlands were native Irish speakers – more than many modern-day Gaeltacht areas. However, within 50 years the everyday use of Irish as a community language largely ceased and was just about kept alive within the area by a core of dedicated enthusiasts.³

Anns an earrainn ghoirid seo, thèid iomairt an latha an-diugh a cheangal ri ath-bheothachadh na Gàidhlig tràth anns an fhicheadamh linn, agus, a-rithist, ris an linn nuair a bha a' Ghàidhlig beò mar chànan na coimhearsnachd agus nuair a bha an sgìre na Gàidhealtachd. Chuir na h-iomairtichean an cèill gum b' e ath-stèidheachadh no aiseirigh na Gàidhealtachd a bha fa-near dhaibh, chan e cruthachadh na Gàidhealtachd, agus bha an tagradh seo – gum biodh leantainneachd eadar an t-sean Ghàidhealtachd ionadail agus gluasad na Gàidhlig nuaidhe – a' cur ri ùghdaireachd na h-iomairte. Chaidh an earrann ghoirid seo, le a barrantas eachdraidheil agus a' Ghàidhlig air a ceangal ri leasachadh eaconamach, na pàirt de ro-innleachd gus co-aonta a thogail anns a' choimhearsnachd ri ceann-uidhe dà-fhillte na h-iomairte, .i. ath-stèidheachadh na Gàidhealtachd agus togail coimhearsnachd dà-chànanaich. B' e gnìomh soilleireachaidh ideòlaich a bha anns an ro-innleachd seo (Dauenhauer agus Dauenhauer 1998, 62–63, Fishman 2001, 451–60), agus, mar sin, theirte gun robh na h-iomairtichean a bha aig teis-meadhan na h-iomairte cùramach nach rachadh an iomairt na bu luaithe, mar gum b' eadh, na an soilleireachadh fhèin, agus gun robh iad ag obair, ann an seagh, air taobh a-staigh crìochan a' cho-aonta.

Chithear gun do dh'fhìgh Coiste Forbartha Charn Tóchair leasachadh cànan agus leasachadh coimhearsnachd ri chèile anns an obair aca agus, mar sin, gun robhas a' feuchainn ri ceangal a dhèanamh ann an inntinn muinntir na sgìre eadar aiseirigh na Gàidhlig agus leasachadh eaconamach, ach bha e trioblaideach seo a chur an gnìomh ann an coimhearsnachd far an robh Gàidhlig fhathast na mion-chànan. Ann an Carn Tóchair, èiridh an trioblaid seo ann an riochd an teannachaidh eadar tarraing dhaoine a-steach dhan iomairt agus dìon cleachdadh na Gàidhlig, mar thoradh air deamografachd chànanachais na sgìre agus gu bheil na h-iomairtichean a' feuchainn ri lionradh beag Gàidhlig a leudachadh ann an coimhearsnachd far an i a' Bheurla an aon chànan a tha aig a' chuid as motha de dh'inhich co-dhiù. Bhite an dùil gun nochdadh an dùbhlán seo ann an iomairt sam bith coltach ri Iomairt Charn Tóchair, mar a mhìnich neach-agallaimh, agus iad a-mach air gnàthan cànan ri luchd-labhairt aon-chànanach na Beurla:

If everybody has [Irish] then, of course, you know you should speak Irish, but there are always going to be people when you're building a language who don't.

Chuir Niall Ó Catháin an cèill gu h-àrd gum biodh e na bhuaireadh nam bite ro dhian mun chànan, a' feuchainn ri làraichean làn-Ghàidhlig a chruthachadh ann an dòigh a mhilleadh an co-aonta. Ach, air an làimh eile, dh'fheumte làraichean no suidheachaidhean a chur air dòigh far am biodh bruidhinn na Gàidhlig na gnàthas gu ìre air choreigin, air neo cha tigeadh an cànan gu cleachdadh. Cha tèid a ràdh *a priori* gu bheil freagairt cheart no cheàrr ri lorg dhan

³ Loc. cit.

cheist dheacair, ciamar a nithear cothrom eadar tarraing dhaoine a-steach dhan iomairt, air an dàrna làimh, agus dìon cleachdadh na Gàidhlig, air an làimh eile? Ach thathar a' moladh gu bheil fuasgladh dhan cheist seo cudromach ann a bhith a' cur an ideòlais an gnìomh anns an iomairt. Anns an ro-innleachd sgrìobhte, bha uairean de thachartasan làn-Ghàidhlig air am moladh mar thè dhe na còig slatan-tomhais àireamhail air an rachadh soirbheas na h-iomairte a mheas anns an àm ri teachd:

Méid ócáidí agus imeachtaí sa bhliain go hiomlán trí Ghaeilge agus an méid rannpháirtithe – an méid iomlán daonuaireanta de gach imeacht Gaeilge.⁴

‘Àireamh nan tachartasan sa bhliadhna gu h-iomlan anns a’ Ghàidhlig agus àireamh nan daoine a ghabhas pàirt annta – an àireamh iomlan de dh’uairean-dhaoine anns gach tachartas Gàidhlig.’

Ach, aig a’ cheart àm, dh’aidich Niall Ó Catháin gu bheil an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig a tha inbheach cho ìosal ’s gu bheil a’ mhòr-chuid de na tachartasan aon-chànanach Gàidhlig ag amas air a’ chloinn:

... about 30 adults locally would be Irish speakers, outside of that everybody is really monolingual English-speaking and you have to be very careful when you’re doing things ... [W]e run Irish classes and then we run social events based around the Irish classes. The other projects would be run bilingually and it’s only the projects for the youth that would be run in Irish ... There are no adult activities except those that are directly associated with the classes that are run monolingually in Irish, it’s only the youth activities are run in Irish only.

Dh’innis an luchd-agallaimh gum bi deasbad a’ sìor ruith am measg nan iomairtichean eadar an dàrna cuid ag iarraidh barrachd thachartasan làn-Ghàidhlig gus cleachdadh na Gàidhlig a neartachadh, gu sònraichte am measg na cloinne, agus a’ chuid eile ag iarraidh barrachd thachartasan Beurla no tachartasan dà-chànanach gus daoine gun Ghàidhlig a tharraing a-steach dhan iomairt. Mar sin, fiù ’s ann an iomairt fo iùil ro-innleachd a chuireas cuideam air cruthachadh co-aonta, tha gnàthan cànan fathast farpaiseach aig amannan. Anns an t-seagh seo, bidh eisimpleir Charn Tóchair a’ taisbeanadh dhuinn cho doirbh ’s a tha e ri bhith a’ stèidheachadh ghnàthan cànan ùra ann am buidhinn no ann an coimhearsnachd. Ann an rèis ath-leasachadh cànan, is lèir gu bheil soilleireachadh ideòlach na ghnìomh sìor-leantainneach, agus, ma shoirbhicheas leis, bithear an dùil nach e rud a bhios ann a nithear uair a-mhàin aig toiseach na h-iomairte, ach gum feumar dol an sàs ann an deasbad, ann an rèiteachadh agus ann an dìon ghnàthan cànan ùra uair agus uair. Molar gu bheil stèidheachadh agus dìon ghnàthan cànan na obair leantainneach ann an coimhearsnachd, no ann am buidhinn sam bith a tha a’ strì gus mion-cànan ath-neartachadh, ach gu sònraichte ann an coimhearsnachdan coltach ri Sgìre Charn Tóchair, far a bheil a’ Ghàidhlig fathast na mion-chànan beag brisg agus far a bheileas a’ strì an aghaidh ideòlas buadhach aona-chànanach na Beurla.

Tùsan

⁴ Coiste Forbartha Charn Tóchair agus Glór na nGael, Carn Tóchair, 2008, 10.

- Armstrong, Timothy Currie, 2009, ‘Stèidheachadh Ghnàthan-cànain Ùra: Cuairteachadh ideòlais-chànain ann an trì Gaeltachtaí nua’, tràchdas PhD gun fhoillseachadh, Oilthigh Obar Dheathain.
- Coiste Forbartha Charn Tóchair agus Glór na nGael, Carn Tóchair, 2008, *An Bealach Chun Tosaigh: Straitéis don Ghaeilge i gCarn Tóchair agus i Machaire Rátha*, <<http://www.ancarn.org/projects/language-development/strateis-22.pdf/view>>.
- Dauenhauer, Nora Marksm agus Dauenhauer, Richard, 1998, ‘Technical, emotional, and ideological issues in reversing language shift: examples from Southeast Alaska’, ann an Lenore A. Grenoble agus Lindsay J. Whaley, deas., *Endangered Languages: current issues and future prospect* (Cambridge: Cambridge University Press), 5798.
- Fishman, Joshua A., 1991, *Reversing Language Shift* (Clevedon: Multilingual Matters).
- Fishman, Joshua A., 2001, ‘From Theory to Practice (and Vice Versa): Review, Reconciliation and Reiteration’, ann an Joshua A. Fishman, deas., *Can Threatened Languages Be Saved?* (Clevedon: Multilingual Matters), 451–83.
- Maguire, Gabrielle, 1991, *Our Own Language: an Irish initiative* (Clevedon: Multilingual Matters).
- Mac Giolla Chríost, Diarmait, 2002, ‘Language Planning in Northern Ireland’, *Current Issues in Language Planning* 3 (4), 425-76.
- Mac Póilin, Aodán, 2007, ‘Nua-Ghaeltacht Phobal Feirste: ceachtanna le foghlaim?’, ann an Wilson McLeod, deas., *Gaidhealtachdan Ùra: Leasachadh na Gàidhlig agus na Gaeilge sa Bhaile Mhòr/Nua-Ghaeltachtaí: Cur Chun Cinn na Gàidhlig agus na Gaeilge sa Chathair* ([Dùn Èideann:] Ceiltis agus Eòlas na h-Alba Oilthigh Dhùn Èideann), 31–60.
- McManus, Ruth, 2002, Dublin, *1910–1940: shaping the city & suburbs* (Dublin: Four Courts Press).
- Nig Uidhir, Gabrielle, 2006, ‘The Shaw’s Road urban Gaeltacht: role and impact’, ann am Fionntán de Brún, deas., *Belfast and the Irish Language* (Dublin: Four Courts Press), 136–46.
- Northern Ireland Census 2001, <www.nisra.gov.uk>.
- Ó Canainn, Aodh, 1964, ‘Páirc na Gaeltachta’, *Comhar*, Am Faoilleach, 7–10, 19.
- Ó hIfearnáin, Tadhg, 2006, ‘Beartas Teanga’, *An Aimsir Óg*, Páipéar Ócáideach 7 (Baile Átha Cliath: Coiscéim).
- Ó hIfearnáin, Tadhg, 2007, ‘Raising Children to be Bilingual in the Gaeltacht: Language Preference and Practice’, *The International Journal of Bilingual Education and Bilingualism* 10 (4), 510–28.